

An Litir Bheag **le Ruairidh MacIlleathain**

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 153 (which corresponds to Litir 457). Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk.

Tha mo smuaintean air Blàr Chùil Lodair an t-seachdain seo. Bha mi a' leughadh o chionn ghoirid mu Phàdraig Grannd. B' e far-ainm Phàdraig *Dubrach* no *Auld Dubrach*. Bha Pàdraig ainmeil. B' esan am fear mu dheireadh a chaochail a bha aig Blàr Chùil Lodair. Chaochail e ann an ochd ceud deug, fichead 's a ceithir (1824).

Rugadh Pàdraig Grannd ann am baile beag ann an sgìre Bràigh Mhàrr. Tha sin ann an Siorrachd Obar Dheathain. Ann an Gàidhlig 's e an t-ainm air a' bhaile *An Dubh-bhruach*. Ann am Beurla – *Dubrach*. Bha Seumasachd làidir anns an sgìre sin.

Thàinig Bliadhna a' Phrionnsa. Bha Pàdraig na thàillear. Sguir e an obair aige. Chaidh e an cois arm a' Phrionnsa.

Bha e treun. Bha e ri gaisgeachd aig Blàr Sliabh a' Chlamhain – *the Battle of Prestonpans*. Ràinig e ìre sàirdseant-màidsear ann an arm a' Phrionnsa. Bha e fhathast anns an arm sin aig Cùil Lodair. Bha e air a chur an grèim. Chaidh e don phrìosan. Bha am prìosan ann an Sasainn.

Ach rinn e dol-às. Thill e a dh'Alba. An ceann greis bha e a' fuireach ann an Gleann Lethnochd ann am Bràigh Aonghais.

Phòs e tè Màiri Chuimeanach. Bha Màiri mòran na b' òige na Pàdraig. Bha ise cuideachd à Bràigh Mhàrr. Bha dithis chloinne aca. Chaidh na bliadhnaichean seachad. Bha Pàdraig is Màiri a' fuireach ann an Gleann Lethnochd. Chaochail Màiri ann an ochd ceud deug 's a h-aon-deug (1811).

Bha Pàdraig – no Dubrach – ainmeil. Bha e air a bhith a-muigh leis a' Phrionnsa. Bha e a' fàs sean. Bha e ag innse stòiridhean do dhaoine òga mun bhliadhna aige còmhla ri Teàrlach Òg.

Nuair a bha e uabhasach sean, thachair rudeigin iongantach dha. Bha e ceud 's a h-ochd (108) bliadhna a dh'aois. Thachair e ris an Rìgh. Dè thuirt an Rìgh ris? An robh Pàdraig duilich gun robh e air a bhith na reubaltach? Chì sinn an ath sheachdain dè dìreach a thachair.

Faclan is abairtean: Blàr Chùil Lodair: *The Battle of Culloden*; Pàdraig Grannd: *Peter Grant*; Dubrach: far-ainm: *nickname*; *An Dubh-bhruach* (*W of Linn of Dee*);

b' esan am fear mu dheireadh a chaochail a bha aig Blàr Chùil Lodair: *he was the last man to die [who died] who had been [was] at the Battle of Culloden*; Bràigh Mhàrr: *Braemar*; Siorrachd Obar Dheathain: *Aberdeenshire*; Seumasachd: *Jacobitism*; Bliadhna a' Phrionnsa: *1745-6 (the year of the Prince)*; bha Pàdraig na thàillear: *Peter was a tailor*; sguir e an obair aige: *he stopped his work*; chaidh e an cois arm a' Phrionnsa: *he went along with the Prince's army*; treun: *brave*; bha e ri gaisgeachd: *he was involved in heroic deeds (heroism)*; Blàr Sliabh a' Chlamhain: *The Battle of Prestonpans (originally Gladmuir)*; sàirdseant-màidsear: *sergeant-major*; bha e air a chur an grèim: *he was captured*; chaidh e don phrìosan: *he went to [the] prison*; rinn e dol-às: *he escaped*; thill e a dh'Alba: *he returned to Scotland*; an ceann greis: *after a period*; Gleann Lethnochd ann am Bràigh Aonghais: *Glen Lethnot in the Glens [upland area] of Angus*; phòs e tè Màiri Chuimeanach: *he married a [woman] Mary Cumming*; mòran na b' òige na Pàdraig: *much younger than Peter*; à Bràigh Mhàrr: *from Braemar*; bha dithis chloinne aca: *they had two children*; bha e air a bhith a-muigh leis a' Phrionnsa: *he had been out with the Prince*; bha e a' fàs sean: *he was growing old*; bha e ag innse stòiridhean do dhaoine òga: *he was telling stories to young people*; mun bhliadhna aige còmhla ri Teàrlach Òg: *about his year with Young Charles (the prince)*; thachair rudeigin iongantach dha: *an amazing thing happened to him*; thachair e ris an Rìgh: *he met the king*; an robh Pàdraig duilich gun robh e air a bhith na reubaltach: *was Peter sorry he had been a rebel?*